

Sònrachadh Obrach

Seirbheis:	Cùram agus Ionnsachadh	Earrann:	Foghlam
Tìotal Dreuchd:	Iar-Oide Gàidhlig		
Ìre agus Tuarastal:	HC0435 (£9.55 2017/18)		
Àite	Diofar àiteachan taobh a-staigh sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd		
Uairean	Mar a bhios a dhìth		
Cunntachail do:	Oifigear Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd (Gàidhlig)		
Adhbhar Obrach:	Prògram de ghnìomhan ionnsachaidh Gàidhlig Inbheach/Òigridh/Coimhearsnachd a libhrigeadh an dàrna cuid gu foirmeil no neo-foirmeil taobh a-staigh na coimhearsnachd ionadail no ann an suidheachadh freagarrach. Nithear an obair a rèir phoileasaidhean, stiùiridhean agus modhan cleachdaidh Chomhairle na Gàidhealtachd.		
Prìomh Dhleastanasan:	<ul style="list-style-type: none">• Cuideachadh le bhith a' libhrigeadh a' ghnìomh agus taic is brosnachadh a thoirt dha na com-pàirtichean.• A bhith mothachail mu phoileasaidhean a' chlub/na buidhne/Chomhairle na Gàidhealtachd agus na poileasaidhean a chur an gnìomh.• A bhith an làthair aig coinneamhan no cùrsaichean trèanaidh mar a tha a dhìth.• Duilleagan-ama mìosail a chur a-steach airson pàigheadh fhaighinn.• Gnìomhan eile a tha iomchaidh a thaobh na dreuchd a ghabhail os làimh mar a dh'iarraas an t-Oifigear Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd.		
Dleastanasan Eile:	Dh'fhaodte gum feum thu dleastanasan a ghabhail os làimh, a tha iomchaidh a thaobh na dreuchd, a bharrachd air an fheadhainn a tha air an toirt seachad san t-sònrachadh obrach. Dh'fhaodte gum bi atharrachadh sna dleastanasan sònraichte a tha co-cheangailte ri dreuchdan, gun a bhith ag atharrachadh coltas coitcheann nan dleastanasan no an ìre dleastanais a tha nan lùib. Tha atharrachaidhean leithid seo cumanta agus cha bhiodh iad dhiubh fhèin a' ciallachadh gum biodh e iomchaidh beachdachadh a-rithist air ìre na h-obrach. Mar thoradh air atharrachaidhean leithid seo bidh e riatanach an sònrachadh obrach seo ùrachadh bho àm gu àm.		
Cumhaichean Sònraichte:	Ma dh'fhaodte gun tèid dearbhadh PVG a dhèanamh airson na dreuchd seo.		
Ceann-latha:	04 August 2017		

Comhairle na Gàidhealtachd

Sònrachadh Neach

Seirbheis: Cùram agus Ionnsachadh

Tìotal Dreuchd: Iar-Oide Gàidhlig

Feartan Riatanach

Gus dleastanasan na dreuchd seo a ghabhail os làimh gu h-èifeachdach is gu sàbhailte, bidh comas aig tagraichean fianais a thoirt seachad air na leanas.

- 1. EÒLAS –**
Eòlas air a bhith ag obair le clann/inbhich roimhe.
Na h-ìrean as ìsle a tha freagarrach gus an obair a choileanadh gu sàbhailte is gu h-èifeachdach.
- 2. FOGHLAM AGUS TEISTEANASAN –**
Ìre mhath foghlaim choitcheann.
Fileanta a’ bruidhinn na Gàidhlig.
- 3. SGILEAN/FEARTAN SAN FHARSAINGEACHD –**
Comas obrachadh fod stiùir fhèin.
A bhith sunndach, sùbailte, foighidneach, earbsach agus cunbhalach.
- 4. SGILEAN/COMASAN SÒNRAICHTE A THAOBH NA DREUCHD –**
Comas spèis a thoirt do dhìomhaireachd.
Math air conaltradh.
Comas a dhol an gnìomh gu socair agus èifeachdach ann an cùis-èiginn.
- 5. SGILEAN PEARSANTA IS SÒISEALTA –**
Comas dàimh fhurasta a thogail le inbhich is clann.